

LEONARDO SCENARIO SCRIPT

Booking a place on a summer camp/school

Iain Caimbeul: School administrator

Anndra MacThòmais: Student

Scene: Office environment, Iain at his desk. Telephone rings

Iain:

Madainn mhath. Sgoil Eòlais Leòdhais. Iain Caimbeul a' bruidhinn.

Good morning. School of Lewis Studies. John Campbell speaking.

Anndra:

Madainn mhath. Seo Anndra MacThòmais. Tha mi a' bruidhinn à Birmingham. Tha mi airson faighinn a-mach mun sgoil-shàmhraidh a th' agaibh.

Good morning. This is Andrew Thompson. I'm speaking from Birmingham. I'd like to find out about your summer school.

Iain:

Seadh, glè mhath. 'S e sgoil glè mhath a th'ann. Bidh daoine a' tighinn às gach ceàrn. Agus tha e a' còrdadh riutha fìor-mhath, agus tha e aig prìs gu math reusanta cuideachd.

Yes, very good. It's a very good school. People come from all over. And they really enjoy it, and it's a very reasonable price too.

Anndra:

Dè seòrsa rud a tha a' dol ann?

What sort of things are offered?

Iain:

Uill, bidh clasaichean ann a h-uile latha airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhliche. Bidh iad sin ann 'sa mhadainn, agus tha iad air an tabhann aig diofar ìrean, a-rèir dè cho math agus a tha sibh anns a' Ghàidhlig mu thràth. Chanainnsa gu bheil sibhse glè mhath 'sa Ghàidhlig mu thràth.

Well, there are classes every day for Gaelic learners. They are in the morning, and they are offered at different levels according to how good you are in Gaelic already. I'd say that you are already very good in Gaelic.

Anndra:

Oh, tapadh leibh, tapadh leibh. Agus dè bhios a' tachairt air an fheasgair?

Oh, thank you, thank you. And what happens in the afternoon?

Iain:

Uill, air an fheasgair tha clasaichean ciùil againn. Tha iad sin math dha rìreabh cuideachd. An còmhnaidh tha na seinneadairean agus an luchd-ciùil as ainmeile san t-saoghal againn airson na clasaichean sin a theagasg. Faodaidh sibh seinn, no fidheil, no pìob a thaghadh mar chuspair airson sin. No faodaidh sibh dannsa a dhèanamh mas e sin a b'fheàrr leibh.

Well, in the afternoon we have music classes. Those are also very good. We always have the most famous singers and musicians in the world to teach those classes. You can choose singing, fiddle, or pipes as a subject for that. Or you can do dancing if you would prefer that.

Anndra:

A bheil dad eile agaibh air an fheasgair a bharrachd air ceòl?

Do you have anything else in the afternoon as well as music?

Iain:

Oh tha, tha gu dearbh. Tha tòrr againn. Tha cladaichean brèagha brèagha againn an seo. Faodaidh sibh snàmh 'sa mhuir, no faodaidh sibh a dhol a-mach air bàta iasgaich. No faodaidh sibh a dhol a-mach a' coiseachd air a' mhonadh mas e sin as fheàrr leibh. 'S dòcha gum faic sibh fèidh no iolairean, fiù's.

Oh yes, yes indeed. We have plenty. We have beautiful shorelines here. You can swim in the sea, or you can go out on a fishing boat. Or you can go out walking on the moor if that's what you prefer. You might see deer or eagles, even.

Anndra:

Seadh a-nist, glè mhath. Dè mu dheidhinn àiteachan fuirich?

Well now, very good. What about places to stay?

Iain:

Uill, a-rithist tha taghadh agaibh. Tha taighean-òsda againn a tha math dha rìreabh. Ach ma tha sibh ag iarraidh rudeigin nas saoire tha liosta againn de thaighean a tha dèanamh “Lìte is Leabaidh”. Tha ostail òigridh ann cuideachd, no faodaidh sibh campachadh mas e sin as fheàrr leibh.

Well, again you have a choice. We have hotels which are very good. But if you want something cheaper we have a list of houses that do “Bed and Breakfast”. We have a youth hostel as well, or you can camp if that’s what you prefer.

Anndra:

Glè mhath. Agus dè a’ phrìs a th’air an sgoil?

Very good. And what price is the school?

Iain:

Uill, feumaidh sibh fhèin àite fuirich a chur air dòigh, ach gheibh sibh na clasaichean gu lèir airson dìreach £150 gach seachdain. Tha sinn a’ cumail na prìsean cho ìosal ‘s a ghabhas gus am bi cothrom aig a h-uile duine a thighinn ann, gu h-àraid daoine òga mar sibh fhèin. Tha a h-uile duine ag ràdh gur e prìs gu math reusanta a tha seo. Dè bhur beachd fhèin?

Well, you have to make your own arrangements for accommodation, but you get all the classes for just £150 a week. We keep the prices as low as we can so that everyone has a chance to come, especially young people like yourself. Everyone says this is a very reasonable price. What do you think?

Anndra:

Uill, chanainn-fhèin gur e cuideachd.

Well, I’d say it is too.

Iain:

Glè mhath, an cuir mi bileag fiosrachaidh agus foirm chlàraidh thugaibh, ma tha?

Very good, shall I send you an information leaflet and registration form then?

Anndra:

Seadh, bidh sin math.

Yes, that will be good.

Iain:

Glè mhath, 's e Anndra MacThòmais a th'oirbh, nach e? Dè an seòladh a th'agaibh?

Very good, your name is Andrew Thompson, isn't it? What's your address?

Anndra:

Tha mi a' fuireach aig 275 New Street..

I stay at 275 New Street..

Iain:

Seadh, 275 New Street, Birmingham, Sasann. A bheil sin ceart?

Yes, 275 New Street, Birmingham, England. Is that right?

Anndra:

Oh, tha mi duilich, chan eil. Tha mi a' fuireach ann am Birmingham, Alabama 'sna Stàitean Aonaichte.

Oh, I'm sorry, it's not. I live in Birmingham, Alabama, in the United States.

Iain:

Oh, 's ann à Ameireaga a tha sibh a' fònadh. Glè mhath, bidh Ameireaganaich gu leòr a' tighinn a h-uile bliadhna. Mar sin bidh sibh ann an deagh chompanachd. Um, b'fheudar dhomh aon rud a ràdh ge-ta. Leis mar nach eil sibhse a' fuireach anns an Aonadh Eòrpach feumaidh sinn prìs beagan nas àirde iarraidh bhuaibh. Bidh an sgoil a' cosg £250 do dh'Ameireaganaich. Tha mi'n dòchas gum bi sin ceart gu leòr. 'S e dùthaich gu math beartach a th'ann an Ameireaga, nach e? Agus, a bharrachd air na clasaichean a dh'ainmich mi, anns a' phrìs sònraichte a tha sin gheibh sibh cuideachd peansail brèagha brèagha le bratach Eòrpach air, mar chuimhneachan air an t-seachdain a bh'agaibh. Nist, tha bhur seòladh agam. Aon rud eile. Dè an t-àireamh fòn a th'agaibh?

Oh, you're phoning from America. Very good, we get plenty of Americans coming every year. So you'll be in good company. Um, I should tell you one thing though. As you don't live in the European Union we have to charge you a slightly higher price. The school costs £250 for Americans. I hope that's alright. America is a very wealthy country, isn't it? And, in addition to the classes I mentioned, including in this special price is a beautiful pencil with a European logo/flag on it, as a souvenir of your week. Now, I have your address. One more thing. What's your phone number?

Anndra:

Oh, tha sin ceart gu leòr. Na bithibh fònadh thugam. Cuiridh mi-fhìn fòn thugaibhse.
Mòran tàing, mar sin leibh.

Oh, that's alright. Don't call me. I'll call you. Many thanks, goodbye.

Iain:

??

??